



## Aithisg Ullachaidh à Bùth-obrach 3

# Tèama na bùth-obrach: Ath-bhèothachadh Cànanain agus Cruth-atharrachadh Eaconomach

Air a deasachadh leis an Dr Elin Royles

An Gearran 2019



Website: [revitalise.aber.ac.uk](http://revitalise.aber.ac.uk)



THE UNIVERSITY  
of EDINBURGH

Email: [revitalise@aber.ac.uk](mailto:revitalise@aber.ac.uk)



Arts & Humanities  
Research Council

Twitter: [@revitalise](https://twitter.com/revitalise)

## Geàrr-chunntas gnìomhach

- Tha am pàipear seo ag aithris air an deasbad aig an treas bùth-obrach den phròiseact Revitalise, a chaidh a chumail ann an Caerdydd air 5 Dàmhair 2018. B' e 'Ath-bheòthachadh Cànan agus Cruth-atharrachadh Eaconamach' a bh' air a' bhùth-obrach. B' e an t-amas sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air diofar thaobhan den dàimh eadar cànan agus eaconamaidh a thaobh ath-bheòthachadh mhion-chànanan. Tha na prìomh cho-dhùnaidhean a dh'èirich às a' bhùth-obrach air am mìneachadh gu h-ìosal.
- Ged a tha aonta coitcheann ann mu cho cudromach 's a tha an ceangal eadar eaconomaidh agus cànan airson iomairtean ath-bheòthachaidh cànan, mar as trice tha beachdachadh air an dàimh eadar an dà rud air a dhèanamh ann an dòighean gu math farsaing. An àite sin, tha feum air eadar-dhealachadh nas soilleire a dhèanamh eadar thaobhan eadar-dhealaichte den dàimh eadar eaconamaidh agus cànan (td 4).
- Shoilleirich na còmhraidhean ann am bùithtean-obrach diofar thaobhan den dàimh eadar eaconamaidh agus cànan (tdd 4-6), is e sin mar as urrainn do caochladairean cànanach buaidh a thoirt air caochladairean eaconamach; mar as urrainn do chaochladairean eaconamach buaidh a thoirt air caochladairean cànanach; agus a' buaidh neo-dhìreach aig factaran eaconamach air ìrean spionnadh cànan. Tha an aithisg seo ag aithneachadh na dàimh eadar na thaobhan sin, ach tha i a' feuchainn ri prìomh fheartan gach fir dhiubh a chomharrachadh. Tha an aithisg ag iarraidh barrachd sgrùdaidh air a' mhìneachadh air na diofar thaobhan den dàimh eadar eaconamaidh agus cànan gus measadh a dhèanamh air cho feumail 's a tha e, a' faighneachd gu h-àraidh a bheil e a' toirt soilleireachadh don fheadhainn a tha an sàs ann am poileasaidh agus a tha a' beachdachadh air an dàimh eadar an eaconamaidh agus mion-chànanan.
- Bha taisbeanaidhean aig a' bhùth-obrach cuideachd a' sealltainn mar a chuidicheas innealan eaconamachd cànan an anailis air cùisean ceangailte ri cànan, a' gabhail a-steach an comas fios a chur ri co-dhùnaidhean mu innleachdan poileasaidh (td 6).
- Bha sgrùdadh air buaidh caochladairean cànan air caochladairean eaconamach ag amas air buaidh eaconamach mhion-chànanan (tdd 6-7). Tha rannsachadh air Alba air sealltainn gu bheil buannachd Ghàidhlig ann a thaobh cosnadh agus chaidh oidhirp a dhèanamh a bhith a' tomhas luach eaconamach na Gàidhlig ann an eaconamaidh na h-Alba. Sheall deasbad air cùis na Cuimrigh gun robh beàrn leantainneach anns a' bhunait fianais a thaobh buannachdan sgilean dà-chànanach san àite-obrach, agus gu h-àraidh a thaobh na h-ìre iarrais airson sgilean dà-chànanach ann an roinnean sònraichte. Tha bunait fianais làidir deatamach airson sealltainn buannachdan an dà-chànanais do ghnìomhachasan. Mar sin, bhiodh tuilleadh rannsachaidh feumail airson dèiligeadh ris na beàrn sin.
- B' e am beàrn rannsachaidh as cudromaiche a chaidh a chomharrachadh, ge-tà, an dìth tuigse mhionaideach a thaobh mar a dh'fhaodas atharrachaidhean eaconamach buaidh dheimhinneach no dhona a thoirt air ìrean de bheòthalachd cànan (tdd 7-10). Tha an aithisg a' beachdachadh air cuid de na prìomh dhòighean anns am faod atharrachadh eaconamach agus atharrachaidhean ann an cosnadh buaidh a thoirt air spionnadh cànanach. A bharrachd air sin, tha e a' sònrachadh chlaonaidhean ann am poileasaidh an-dràsta air a dh'fheumar

beachdachadh tuilleadh, leithid: cion co-thaobhaidh eadar ro-innleachdan gus mion-chànanan adhartachadh agus poileasaidhean riaghaltasan airson leasachadh eaconamach; cion co-òrdanachaidh eadar iomairtean eaconomach a tha ag amas air adhartachadh mhion-chànan gu sònraichte; agus na modhan coitcheann a tha riaghaltasan stàite agus fo-stàite a' leantainn a thaobh leasachadh eaconamach, a tha a' sìor fhàs nas neo-shuimeile air am buaidh air oidhirpean ath-bheòthachaidh cànan. Uime sin, tha feum soilleir ann airson tuilleadh rannsachaidh san raon seo. Tha feum mòr ann cuideachd airson modhan a chomharrachadh gus beachdachadh nas fheàrr air beòthalachd cànan mar phàirt den phròiseas airson poileasaidhean eaconamach a chruthachadh, a' gabhail a-steach barrachd amalachaidh poileasaidh taobh a-staigh obair riaghaltasan fo-stàite.

- Is e an clonadh as cudromaiche a thaobh na buaidh neo-dhìrich a th' aig atharrachaidhean eaconamach air ath-bheòthachadh mhion-chànanan a' bhuidh air pàtranan imrich agus a' bhuidh leantainneach phàtranan cosnaidh ùr air spionnadh cànanach (tdd 10-11). Bha an fhianais a chaidh a dheasbad aig a' bhùth-obrach sealltainn nam buannachdan eaconamach a th' aig imrich. Ach feumaidh iomairtean poileasaidh ath-bheòthachaidh cànan a bhith nas faiceallaiche a thaobh na buaidh a th' aig imrich air na poileasaidhean seo, gun a bhith a' cur ris a' chunnart gun tèid lethbhreith an aghaidh imrichean a mheudachadh.